

SOILLSE – FIOS-ULLACHAIDH

Ro-ràdh

Chaidh SOILLSE stèidheachadh air sàilleabh gu bheil goireasan rannsachaidh a dhìth aig ìre ro-innleachd a tha comasach air fianais, dearbhadh agus tuigse fhreagarrach a thoirt do phoileasaidhean poblach a tha/bhitheas air an dealbhachadh airson ath-nuadhachadh a thoirt air cor na Gàidhlig ann an Alba san latha an-diugh agus san àm ri teachd.

Ma tha cùisean a taobh staid a' chànain a' dol a dh'atharrachadh gus an tig adhartas mòr anns an t-suidheachadh far am bi am barrachd dhaoine a' cleachdadh na Gàidhlig ann an diofar raointean, tha e riatanach gu bheil poileasaidhean cànan air an stiùireadh agus air am brosnachadh le fianais is dearbhadh bho thoraidhean rannsachaidh aig àrd-ìre.

Tha na h-amasan aig Soillse a' tighinn a rèir poileasaidhean Riaghaltas na h-Alba agus Plana Nàiseanta na Gàidhlig. Is e com-pàirteachas a tha ann an SOILLSE a tha a' toirt còmhla Institiud OGE nam Mìle Bliadhna (gu h-àraidh Sabhal Mòr Ostaig), Oilthigh Obar Dheathain, Oilthigh Ghlaschu agus Oilthigh Dhùn Èideann. Thàinig maoinachadh airson SOILLSE bho Chomhairle Maoinachaidh na h-Alba, Bòrd na Gàidhlig agus Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean. Tha amasan dùbhlach aig SOILLSE ri choileanadh agus feumaidh na com-pàirtichean acadaimigeach agus na buidhnean poblach eile obair còmhla airson toraidhean a' phròiseict a thoirt gu buil. Cuideachd tha na toraidhean agus na buannachdan ris a bheilear an dùil à obair rannsachaidh SOILLSE a' crochadh air ceanglaichean làidir agus ciallach a stèidheachadh le coimhearsnachdan Gàidhlig na h-Alba.

Maoineachadh

Tha maoinachadh luach £5.29m air a chur mu choinneimh a' Phròiseict. Tha leth dhen mhaoinachadh a' tighinn bho Chomhairle Maoinachaidh na h-Alba (£1.866m); Bòrd na Gàidhlig (£0.541m); agus Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean (£0.4m). Tha an dàrna leth gus a bhith a' tighinn bho na h-oilthighean a tha a' gabhail pàirt ann an Soillse: Oilthigh Obar Dheathain; Oilthigh Ghlaschu; Oilthigh Dhùn Èideann 's Institiud OGE nam Mìle Bliadhna. Is e seo an t-airgead-tasgaidh as motha a chaidh a thairgsinn riamh airson rannsachadh air cuspairean ceangailte ri sòisio-chànanas na Gàidhlig. Cuideachd, agus gu cudromach, 's e seo a' chiad uair a tha na com-pàirtichean acadaimigeach air tighinn còmhla airson pròiseact rannsachaidh ceangailte ris a' Ghàidhlig anns an dòigh seo. Thathar an dùil gur e buannachd mhòr a bhios anns an dòigh obrach seo airson nan coimhearsnachdan Gàidhlig, an luchd-rannsachaidh a bhios a' gabhail pàirt ann an SOILLSE agus cuideachd dha na h-Oilthighean fhèin.

Amasan agus Cuspairean

Tha SOILLSE a' toirt còmhla goireasan rannsachaidh agus comasan rannsachaidh airson nam prìomh amasan seo:

- Comasan rannsachaidh aig ìre eadar-nàiseanta ann an leasachadh na Gàidhlig air an cur air bhonn ann an Institiud OGE nam Mìle Bliadhna le taic bho na buidhnean eile a tha a' gabhail pàirt anns a' phròiseact. Anns an dòigh sin bidh toraidhean SOILLSE a' cur ri poileasaidhean cànan aig ìre nàiseanta agus eadar-nàiseanta agus a' cur taic ri oidhirpean airson ath-bheothachadh a thoirt air cànan 's cultar nan Gàidheal.
- Lìonradh chumhachdach a chruthachadh ann an Alba a tha a' ceangal luchd-rannsachaidh is eòlaichean le comasan sònraichte ann an cuspairean Gàidhlig an latha an-diugh ri luchd-eòlais a tha a' rannsachadh mhion-chànanan aig ìre eadar-nàiseanta.

Anns an fharsaingeachd tha SOILLSE gus a bhith a' rannsachadh trì cuspairean sònraichte:

- Gàidhlig na cànan teaghlaich agus coimhearsnachd;
- Gàidhlig ann am foghlam; agus
- Poileasaidhean poblach ceangailte ri leasachadh na Gàidhlig.

Bidh na trì raointean rannsachaidh sin stèidhichte air dà chuspair-tarsainn sònraichte: cleachdadh na Gàidhlig; agus dearbh-aithne agus fèin-mhisneachd anns a' chànan.

Airson leud agus cothromachd a thoirt dhan rannsachadh a bhios air a stiùireadh tro SOILLSE, bidh measgachadh de chuspairean air an sgrùdadh. Tha feum air sgrùdadh acadaimigeach a tha gu math domhainn agus gu math cinnteach a bheir seachad dearbhadh agus fianais air dè dha-rìribh a tha a' tachairt bho thaobh ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig sna sgoiltean agus air feadh coimhearsnachd Ghàidhlig na h-Alba. Tha cuideachd feum air sgrùdadh a bheir seachad tuigse is fios do Bhòrd na Gàidhlig, don Riaghaltas, do dh'Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus do bhuidhnean eile air suidheachadh na Gàidhlig ann an co-theagsa nan amasan a tha acasan ceangailte ri togail is leasachadh na cànan air feadh choimhearsnachdan na h-Alba.

Leis an sin bidh com-pàirtichean SOILLSE a' sireadh fianais agus dearbhadh bho na diofar chuspairean a thig à rannsachadh airson taic is cuideachadh a thoirt dhaibh fhèin a taobh poileasaidhean Gàidhlig agus air an dòigh as fheàrr air goireasan a stiùireadh airson barrachd bhuannachdan a chruthachadh dhan chànan anns an àm ri teachd.

Ged a tha beagan rannsachaidh air a dhèanamh mar-thà air cuspairean Gàidhlig agus a tha cuideachd a' toirt a-staigh chuspairean sòisio-chànanach, tha feum mòr air comasan rannsachaidh a leudachadh a-mach gu raointean eile ceangailte ri bhith a' cruthachadh fiosrachadh agus tuigse air suidheachadh na Gàidhlig anns an t-saoghal anns a bheil sinn beò an-diugh.

Gun an neart agus an t-eòlas a tha aig na h-oilthighean a thoirt còmhla fo cho-obrachadh agus co-òrdanachadh SOILLSE, tha e doirbh faicinn gun tigeadh toraidhean rannsachaidh am bàrr aig àrd-ìre a bheireadh buaidh bhunaiteach air leasachadh poileasaidh agus a bheireadh taic agus stiùireadh ceart agus freagarrach do Phlana Nàiseanta na Gàidhlig.

Cuspairean Lìonraidh

Tha na h-amasan agus na cuspairean a tha a' tighinn fo bhratach SOILLSE air an co-òrdanachadh tro thrì lìonraidhean sònraichte:

1. Lìonradh rannsachaidh coimhearsnachd na Gàidhlig.
2. Lìonradh rannsachaidh foghlaim tron Ghàidhlig.
3. Lìonradh rannsachaidh poileasaidhean leasachaidh na Gàidhlig.

Thathar an dùil gum bi toraidhean an rannsachaidh a thig às na trì lìonraidhean aig ìre eadar-nàiseanta agus gun toir iad stiùireadh làidir 's buaidh air oidhirpean nàiseanta agus ionadail dhan iomairt airson suidheachadh na Gàidhlig ceangailte ri comasan labhairt is eile a thionndadh mun cuairt gus am bi barrachd iarrtais ann airson Gàidhlig a chleachdadh ann an diofar raointean de bheatha làitheil na dùthcha.

Cruthaichidh Soillse leudachadh anns na cuspairean rannsachaidh a tha a' tachairt an-dràsta. Bidh Soillse a' cur ri rannsachadh tradaiseanta a tha ceangailte ri eachdraidh, litreachas agus leasachadh nan cànanan Ceilteach ach cuideachd a' fosgladh doras eile gus am bi sruth ùr de cheistean is cuspairean air an rannsachadh ann an raointean mar Fhoghlam, Saidheansan Sòisealta, Lagh agus na Meadhanan. Tha seo a' dol a thoirt am bàrr fiosrachadh ùr agus barrachd tuigse a chuireas ri dòighean obrach agus leasachadh ann an Foghlam, Seirbheisean Sòisealta agus ri poileasaidhean ùra anns an raon phoblach a bheir ath-bheothachadh dhan Gàidhlig ann an Alba.

SOILLSE - Toraidhean anns a' chiad dol-a-mach

'S iad na prìomh thoraidhean anns a' chiad bhliadhna:

- Structaran is siostaman riaghlaidh agus stiùiridh, còmhla ri comataidhean comhairleachaidh air an stèidheachadh agus iad ag obrachadh gu h-èifeachdach.
- Luchd-stiùiridh rannsachaidh air am fastadh aig na h-oilthighean.
- Oileanaich air am fastadh airson Prògram PhD
- 3 Lìonraidhean rannsachaidh air an stèidheachadh agus iad ag obair.
- Dreach ro-innleachd plana-ionmhais air a thoirt ri chèile agus air aontachadh.

SOILLSE - Toraidhean deireannach

Às dèidh ceithir bliadhna thathar an dùil gum bi toraidhean cudromach agus susbainteach air an cruthachadh tro phròiseact rannsachaidh SOILLSE. Bidh na toraidhean sin thairis air mòran raointean: comasan rannsachaidh; obraichean ùra; pàipearan rannsachaidh air am foillseachadh ann an irisean eadar-nàiseanta; ceanglaichean tuigse agus eòlais nas làidire eadar com-pàirtichean SOILLSE agus cuideachd ri coimhearsnachd na Gàidhlig; agus poileasaidhean ceangailte ri sòisio-chànanas na Gàidhlig air an togail gu ìre eadar-nàiseanta.

Cuspairean Rannsachaidh

Tha cothrom ann sreath de dhiofar seòrsa rannsachaidh a chur an gnìomh fo bhratach SOILLSE fhad 's tha na cuspairean ceangailte ris na trì prìomh amasan seo: (1) Gàidhlig na cànan teaghlaich agus coimhearsnachd; (2) Gàidhlig ann am foghlam; agus (3) poileasaidhean poblach ceangailte ri leasachadh na Gàidhlig.

Ceanglaichean eadar-nàiseanta

Tha atharrachaidhean bunaiteach anns an amharc a thaobh goireasan rannsachaidh na Gàidhlig ann an Alba. Tha e na phrìomh amas aig SOILLSE na goireasan sin a leudachadh agus a thogail gu ìre eadar-nàiseanta. Còmhla ri bhith a' cumail an luchd-rannsachaidh a tha ann an-dràsta ann an obair agus a' fastadh luchd-rannsachaidh ùr, tha SOILLSE gus a bhith a' neartachadh cheanglaichean eadar-nàiseanta ri ionadan rannsachaidh agus eòlaichean le bhith a' fastadh chomhairlichean eadar-nàiseanta ann an leasachadh mhion-chànanan. Tha SOILLSE cuideachd a' dol a chur co-labhairt eadar-nàiseanta air dòigh mus tig deireadh a' phròiseict.

Seasmhachd SOILLSE

Às dèidh ceithir bliadhna de mhaoineachadh bho thaobh a-muigh a' phròiseict tha e anns an amharc gum bi seasmhachd mhaireannach aig SOILLSE a bhios stèidhichte ann am pàirt air na leanas:

- Tha Oilthigh Obar Dheathain agus Institiud OGE nam Mìle Bliadhna dèonach na dreuchdan a tha air am fastadh leothasan fo bhratach SOILLSE a chumail a' dol.
- Tha Oilthigh Ghlaschu agus Oilthigh Dhùn Èideann an dùil dreuchd òraidiche a mhaoineachadh às dèidh na ceathramh bliadhna den phròiseact. Thathar an dùil gum bi an t-Ollamh a tha air fhadhadh aig SOILLSE comasach air dreuchd òraidiche a ghiùlan ach tha seo an urra ris an t-suidheachadh aig na h-oilthighean aig an àm.
- Tha sreath de dh'iartrasan maoinachaidh gus a bhith a' dol gu diofar bhuidhnean airson taic a thoirt do dh'obair SOILLSE anns an ùine fhada agus tha na buidhnean sin a' toirt a-staigh: A' Chomhairle Rannsachaidh, Urrasan fa leth, an Riaghaltas, Bòrd na Gàidhlig agus na buidhnean Gàidhlig eile, Ùghdarrasan Ionadail, Buidhnean Eòrpa agus an roinn phrìobhaideach.

Stiùireadh agus Riaghladh

Aig àrd-ìre tha pròiseact SOILLSE gus a bhith air a stiùireadh le Oilthigh Obar Dheathain agus Institiud OGE nam Mìle Bliadhna ach fo sin bidh riaghladh a' phròiseict an urra ri trì buidhnean sònraichte.

- Bòrd Stiùiridh
- Bòrd Comhairleachaidh
- Àrd-chomataidh

Tha SOILLSE air a stiùireadh bho latha gu latha le sgioba ceannais. Is e Cathraiche an sgioba sin an t-Àrd-ollamh Rannsachaidh agus cuideachd anns an sgioba tha an t-Àrd-mhanaidsear Rannsachaidh agus buill de na ceithir Oilthighean a tha nan com-pàirtichean ann an SOILLSE.

Tha SOILLSE a' dol a chruthachadh làrach-lìn an dà chuid airson fios a chumail ris a' choimhearsnachd Ghàidhlig ach cuideachd airson taic a thoirt dhan luchd-rannsachaidh.

Bidh tuilleadh fios ri fhaotainn air SOILLSE agus na tha a' tachairt nuair a thièid an làrach-lìn beò.

Iain Caimbeul
Àrd - Mhanaidsear Rannsachaidh – SOILLSE
iain.caimbeul@smo.uhi.ac.uk
07870 575717

Cèitean 2010